



PRÌOMH CHEISTEAN:

Ciamar a tha tiomnadh cumhachd air barrachd cunntachalachd deamocratach agus riaghladh nas fheàrr a libhrigeadh ann an Alba?
 Carson as ann an Westminster seach an Alba a bhios cùisean cudromach gan co-dhùnadh?
 Ciamar as urrainn do shluagh na h-Alba barrachd pàirt a ghabhail anns an riaghaltas aca fhèin?
 Dè an t-àite a bu chòir a bhith aig Alba san t-saoghal mar dhùthaich neo-eisimeileach?



MÌCHEAL RUISEAIL BPA
 MINISTEAR AIRSON CULTAIR, CHÙISEAN TAOBH A-MUIGH AGUS A' BHUN-REACHD

Tha raon farsaing de chuspairean ann, tiomnaichte agus glèidhte, a nochdas cho cudromach 's a tha an Còmhradh Nàiseanta.

Tha gnìomhachasan cruthachail na h-Alba a' toirt a-steach còrr is £5 billean agus a' cur taic ri 60, 000 dreuchd. Ach, a dh'aindeoin 's gu bheil Riaghaltas na h-Alba air cosg air cultar a chur an àirde £33.6 millean (àrdachadh airgid 14%), air sgàth gearradh susbainteach a chaidh a sparradh oirnn le Riaghaltas na RA, dh'fhaoidte gu feum sinn ath-bheachdachadh air na planaichean againn. Seo aon adhbhar as e neo-eisimeileachd an aon suidheachadh a bheir fìor phiseach air cultar agus na h-ealain.

Agus chan e seo an aon chùis sa bheil seasamh na h-Alba air a lagachadh a chionn gu bheil sinn an eisimeil na RA. Anns an Roinn Eòrpa, mar eisimpleir, is tric a tha cùisean a tha fìor chudromach do dh'Alba, leithid cudroman iasgaich, subsadaidhean àiteachais agus

riaghladh ar stòrasan nàdarra, air am milleadh le beachdan Riaghaltas na RA nach eil a' toirt feart do shuidheachadh sònraichte na h-Alba.

Is e gnòthach glèidhte a th' ann an craoladh agus tha ceistean cudromach rim fuasgladh ann - mu na thachras don BhBC san àm ri teachd, mar eisimpleir.

Bhiodh neo-eisimeileachd a' ciallachadh gum biodh an cumhachd aig Riaghaltas na h-Alba co-dhùnadh air cùisean a bha cudromach do luchd-coimhead na h-Alba - am bu chòir lionra didseatach ùr a stèidheachadh do dh'Alba, mar eisimpleir, no dè na tachartasan spòrs a bu chòir a dhìon airson craoladh an-asgaidh air an telebhisean.

Anns an aon dòigh, ged a tha na seann rèiseamaidean Albannach agus naampaichean nèibhidh, airm agus feachd-adhair air a bhith nam pàirt phròiseil de dh'fheachdan Bhreatainn thar bhliadhnaichean mòra, nan robh Alba neo-eisimeileach bhiodh an cothrom aice co-dhùnadh

an gabhadh i pàirt ann an iomairtean armachd leithid Iorac no nach gabhadh. Bheireadh neo-eisimeileachd an cothrom dhuinn cuideachd roghnachadh mu armachd niùclasach.

Aig Cridhe a' Chòmhradh Nàiseanta tha an ceangal bun-reachdail ris an RA agus ciamar a tha sinn ag iarraidh gum bi Alba air a riaghladh.

Chaidh Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh air prionnsabalan deamocrasaidh com-pàirteachaidh, agus ged a tha tiomnadh cumhachd air barrachd cunntachalachd is dleasanasan a thoirt don fheadhainn a chaidh a thaghadh gus sluagh na h-Alba a riochdachadh, bhiodh neo-eisimeileachd a' sgaoileadh sochairean is neartan Pàrlamaid na h-Alba don h-uile cùis sa bheil an riaghaltas an sàs.



FACAL BHON PHRÌOMH MHNISTEAR
FÀILTE OIRBH DON CHÒMHRADH NÀISEANTA - COTHROM GUN SAMHAIL DHUIBH BEACHDACHADH IS DEASBAD AIR NA CÙISEAN AS CUDROMAICHE A THA A' TOIRT BUADH AIR ALBA

Thar nan deich bliadhna a chaidh seachad tha Pàrlamaid na h-Alba air sealltainn mar a dh'fhaodas Alba a riaghladh fhèin gu soirbheachail le bhith a' lorg fuasglaidhean sònraichte is innleachdach do chùisean a tha cudromach do dh'Alba.

Tha mise pròiseil gur mi Prìomh Mhinistear na h-Alba agus moiteil às na choilean sinn anns an ùine sin. Le bhith a' cur às do chisean oideachaidh, libhrigeadh cùram do sheann daoine, bacadh àrdachadh na cise coimhearsnachd, gearradh reataichean gnòthaich, solarachadh an àireamh oifigearan poileis as àirde a bh' againn riamh agus dèiligeadh ri cùisean slàinte is foghlaim, tha mise a' creidsinn gu bheil Pàrlamaid is Riaghaltas na h-Alba air diofar susbainteach a dhèanamh do bheatha an t-sluaigh.

Ach is e slighe a th' ann an tiomnadh cumhachd, chan e tachartas a-mhàin, agus seo an t-àm airson ath-bhreithneachadh agus ath-neartachadh dleasanasan Pàrlamaid na h-Alba.

Tha an èiginn eaconamach a th'

ann an-dràsta air sealltainn gu soilleir an iomadh laigse anns an rèite bhun-reachdail a th' againn. Chan eil ach glè bheag comais aig Alba reataichean cise isleachadh airson spreigeadh fiosgail each a bhrosnachadh. Chan urrainn dhuinn iasad airgid fhaighinn gus obraichean poblach a mhaoineachadh, no atharrachadh a dhèanamh air sochairean, peinnseanan no creideasan cise a rèir feumalachdan na h-Alba. Tha Alba an eisimeil cho-dhùnaidhean a nithear le Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte aig Westminster.

Chan eil ach beagan roghainn againn cuideachd air cùisean leithid atharrachadh cliomaid, ana-citheamh deoch làidir agus tasgadh ann an connadh so-ùrachaidh.

Tha sinne a' creidsinn gum bu chòir do dh'Alba a bhith ionnan ri dùthaich neo-eisimeileach Eòrpach sam bith eile, ag obair ann an com-pàirteachas le ar nàbaidhean, le ar guth fhèin agus le làn chomas feumalachdan sluagh ar nàisein fhèin a choileanadh. Sin an t-adhbhar a tha sinn airson referendum a chumail aig deireadh 2010, gus am faigh sibhse cothrom

air co-dhùnadh.

Ach dè tha Alba neo-eisimeileach a' ciallachadh dhuibhse?

Tha an Còmhradh Nàiseanta ann airson fiosrachadh a thoirt dhuibh, èisteachd ri bhur beachdan agus cothroman deasbaid a libhrigeadh air cùisean anabarrach cudromach do àm ri teachd na h-Alba. Tha sinne a' creidsinn gu bheil feum air sin gus am faigh sibhse air roghainn bheachdail a dhèanamh anns an referendum.

Tha a' bhileag seo na pàirt den phròiseas leantail each sin a tha gar cumail fiosrach mu na cothroman agus a' bhuidh a bhios aig Alba neo-eisimeileach.

Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' deasbad nan ceistean sin leibh.

Am Fìor Urramach Ailig Salmond BPA



Craoladh

Is e gnòthach glèidhte a th' ann an craoladh agus tha a h-uile co-dhùnadh air maoineachadh is riaghladh ga dhèanamh le Riaghaltas na RA. Ach, tha mòran cothrom fàs ann do chraoladh Albannach. Bha luach mu £111 millean ann an raon an telebhisein an Alba ann an 2006. Tha Iomairt na h-Alba air tuairmeas gu faodadh seo dùblachadh ro 2012. Ann an 2006-07, cha robh ach 5% de na prògraman air BBC1 agus BBC2 air an dèanamh a dh'aon ghnòthach do dh'Alba. Chan fheum STV a-nis ach uair a thide gu leth de phrògraman nach buin ri naidheachdas a chruthachadh gach seachdain (a' tighinn a-nuas bho 4 uairean a thide ron Fhaoilleach 2009). Bha teachd-a-steach luach £3.4 billean a' tighinn bhon chis telebhisein san RA ann an 2007-08. Thathar ga thuairmeas gun do chuir Alba beagan fo £300 millean dhan an t-suim seo.



Roinn Eòrpa is Eadar-nàiseanta

An-dràsta, is ann tro bhallrachd na RA a tha Alba ga riochdachadh ann am buidhnean eadar-nàiseanta leithid an Aonaidh Eòrpaich (AE) agus na Dùthchannan Aonaichte. Ach, glè thrìc, nuair a tha an RA a' cur bheachdan ri chèile air ceist air choireigin thèid cùis a tha cudromach do dh'Alba a chur gu aon taobh no a lagachadh agus tha seo a' ciallachadh nach eil sinne a' faighinn riochdachadh ceart anns an t-saoghal.

Bhiodh Alba neo-eisimeileach na làn bhall den AE agus buidhnean eadar-nàiseanta eile, a' gabhail an uallaich agus a' coileanadh dhleastanasan a tha a' tighinn an lùib ballrachd. Dhèanadh seo cinnteach gum b' urrainn do Mhinistearan Albannach coiteachadh às leth na h-Alba.

“Bhiodh Alba neo-eisimeileach na làn bhall den AE agus buidhnean eadar-nàiseanta eile, a' gabhail an uallaich agus a' coileanadh dhleastanasan a tha a' tighinn an lùib ballrachd. Dhèanadh seo cinnteach gum b' urrainn do Mhinistearan Albannach coiteachadh às leth na h-Alba.”



Dion is Tèarainteachd

Ann an Alba neo-eisimeileach, is e Pàrlamaid na h-Alba a bhiodh an urra ri ar poileasaidh dion.

Cho math ri bhith an urra ri tèarainteachd, b' urrainn do dh'fheachdan dìon Albannach cuideachadh ann a bhith a' bacadh agus a' cur stad air còmhstri thall thairis, agus sith a neartachadh le urram do chòirichean a' chinne-daonna.

Chan eil sinn den bheachd gum bu chòir armachd niùclasach a bhith aig Alba no gum bu chòir dhuinn a stòradh. Ach, a rèir a' bhun-reachd an-dràsta, is e Riaghaltas na RA a bhios a' co-dhùnadh sa chùis seo. Nan robh Alba neo-eisimeileach dh'fhaodadh i co-dhùnadh a dhèanamh mu armachd niùclasach stèidhichte air toil an t-sluaigh. Dh'fhaodadh sinn taic a thoirt do dhith armachadh eadar-nàiseanta agus cùis na sith a thoirt air adhart.

Cho math ri bhith an urra ri tèarainteachd, b' urrainn do dh'fheachdan dìon Albannach cuideachadh ann a bhith a' bacadh agus a' cur stad air còmhstri thall thairis, agus sith a neartachadh le urram do chòirichean a' chinne-daonna.



Deamocrasaidh is Riaghladh

Tha leasachadh air deamocrasaidh is riaghladh na h-Alba aig teis-meadhan argamaidean airson neo-eisimeileachd agus tiomnadh cumhachd. Tha tiomnadh cumhachd a' leigeil le BPA na h-Alba co-dhùnadh air grunn ghnòthaichean, a' gabhail a-steach foghlam, slàinte, ceartas eucoireach, taigheadas agus poileasaidhean sòisealta.

Ach, tha mòran ghnòthaichean eile glèidhte le Riaghaltas agus Pàrlamaid na RA, leithid na h-eaconamaidh, airgead, lagh chompanaidhean is fastaidh, sochairean sòisealta, poileasaidh cèin, dìon is tèarainteachd. Tha math na h-Alba anns na cùisean seo ga riochdachadh le BP sgìrean-pàrlamaid Albannach (59 a-mach à 650 BP) air an taghadh leis an t-siostam ciad-àite seann fhasanta.

Bheireadh neo-eisimeileachd an cothrom dhuinn na sochairean uachdranachd - do dh'Alba, do choimhearsnachdan, do dhaoine fa leth - a sgaoileadh don h-uile gnìomh riaghaltais. B' urrainn do sheòrsa deamocrasaidh in-ghabhaltach agus com-pàirteachail ùr tighinn am follais agus chitheadh daoine gu robh gabhail pàirt a' dèanamh fìor dhiofar.

“Tha leasachadh air deamocrasaidh is riaghladh na h-Alba aig teis-meadhan argamaidean airson neo-eisimeileachd agus tiomnadh cumhachd.”

Dhèanadh e cuideachd ath-mhìneachadh air dreuchd àrd riaghaltais is riaghaltas ionadaid is an dàimh eatorra, a' cur ris a' cho-chòrdadh a th' aig Riaghaltas na h-Alba mar-thà ri riaghaltas ionadaid na h-Alba.

Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom a bhith a' coimhead as ùr ri adhbhar, meud is cosgais an raoin phoblach, a' gluasad air falbh bho dhòigh-obrach Whitehall far a bheil roinnean mòra àrd riaghaltais sa mheadhan, gu aonadan nas lugha, nas sùbailte agus nas mothachail as urrainn freagrachd do shaoghal caochlaideach an 21mh linn.

Tha tiomnadh cumhachd air sealltainn mar-thà dè as urrainn dèanamh nuair a tha Alba misneachail innte fhèin, agus nuair a tha sluagh na h-Alba a' gabhail pàirt shusbainteach san riaghaltas aca fhèin.

Is e neo-eisimeileachd ceann-uidhe ar slighe a dh'ionnsaigh Alba ùr-nodha a tha ga riaghladh fhèin.